

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Niall Gobha

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,148. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 844 corresponds to Litir 1,148.

Thairis air a’ bhliadhna a dh’fhalbh, tha ìomhaighean – gu h-àraidh ìomhaighean-umha – air a bhith rudeigin connspaideach ann am Breatainn. Tha cuid de dhaoine air a bhith a’ taisbeanadh an cuid feirg gun robh ìomhaighean ann de dhaoine – fir – a bha an sàs ann an tràilleachd, mar eisimpleir. Chaidh tè no dhà de na h-ìomhaighean a thoirt sìos no eadhon a sgrios.

Aig an aon àm ’s a bha sin a’ tachairt, tha fhios gun robh ìomhaighean ùra a’ dol an-àirde. Ach ’s dòcha nach cuala sinn cus mun deidhinn. Co-dhiù, tha mi airson innse dhuibh mu aonan dhiubh – ìomhaigh a chaidh suas o chionn beagan mhìosan ann am baile beag ann an Siorrachd Pheairt.

’S e ìomhaigh tharraingeach a th’ innte. Tha i mar chuimhneachan air Albannach a bhuineadh don ochdamh linn deug. Bha e ainmeil mar neach-ciùil. Fhad ’s as aithne dhomh, cha robh ceangal sam bith aige do thràilleachd no do ghnothaichean an-ìochdmhor.

A bheil fios agaibh cò tha mi a’ ciallachadh? Bhuineadh e do Shiorrachd Pheairt agus ’s e fìdhleair air leth a bh’ ann. ’S e an t-ainm a bh’ air Niall Gobha.

Rugadh Niall ann an Srath Bhreamhainn, siar air Dùn Chailleann anns a’ bhliadhna seachd ceud deug, fichead ’s a seachd (1727). Far a bheil Uisge Bhreamhainn a’ ruigsinn Uisge Tatha, tha baile beag ann air a bheil An t-Inbhir. No *Inver* ann am Beurla. Ghluais **teaghlach Nèill** gu ruige am baile sin nuair a bha Niall òg.

Bha Niall fìor mhath mar neach-ciùil **on a bha e òg**. Ged a bha e ag obair mar bhreabadair airson greis, bha na sgilean ciùil aige cho math ’s gun robh comas aige tro thìde a bheirt a chur an dàrna taobh. Bha e an uair sin ag obair làn-thìde mar neach-ciùil.

Bha Niall a’ faighinn cùl-taic bho phrìomh uachdaran na sgìre, Diùc Athall. Air sgàth sin, bhiodh e a’ faighinn chuiridhean cluich airson nan uaislean aig bàlaichean is dannsaidhean. Bhathar a’ dèanamh dheth nach robh fìdhleair cho math ris ann an Siorrachd Pheairt. Agus bha an t-siorrachd sin ainmeil airson cho math ’s a bha a fìdhlearan.

Dh’fhàs e ainmeil air feadh Alba. Nuair a bha am bàrd Raibeart Burns ann an Siorrachd Pheairt, chaidh e a chèilidh air Niall. Chan e a-mhàin gun robh Niall math air seinn na fìdhle ach gun robh e fìor mhath air puirt ùra a sgrìobhadh. A rèir aithris, sgrìobh e faisg air naochad port, ged a tha amharas ann gun do dh’ionnsaich e cuibhreann dhiubh sin bho dhaoine eile. Tha feadhainn ainmeil chun an latha an-

diugh – mar eisimpleir *Farewell to Whisky, The Duke of Gordon's Favourite* agus *Miss Drummond of Perth*.

Phòs Niall dà thuras oir chaochail a chiad bhean. Bha ochdnar cloinne aige agus bha an dàrna mac aige – Nathaniel – cuideachd air leth ainmeil mar neach-ciùil.

Bha cuimhne aig daoine air àiteachan far am biodh Niall ri fìdhlearachd – gu h-àraidh seann chraobh-dharaich ri taobh na h-aibhne. Ach cha robh riamh ìomhaigh ann dhen duine fhèin ann an Dùn Chailleann no àite sam bith eile.

Thòisich fèill-fhìdhle bhliadhnail Nèill Ghobha beagan bhliadhaichean air ais ann an Dùn Chailleann. Chuir muinntir na fèille airgead ri chèile agus chaidh ìomhaigh dhen duine a dhèanamh ann an umha leis an dealbhadair, Daibhidh Annand. Tha i ann am pàirc faisg air an àite far an do chuir Niall Gobha seachad a bheatha.

* * * * *

Faclan na Litreach: connspaideach: *controversial*; tràilleachd: *slavery*; Siorrachd Pheairt: *Perthshire*; Niall Gobha: *Neil Gow*; Srath Bhreamhainn: *Strathbraan*; Dùn Chailleann: *Dunkeld*; Uisge Tatha: *River Tay*; breabadair: *weaver*; làn-thìde: *full-time*; port, puirt: *tune, tunes*; dealbhadair: *artist*.

Abairtean na Litreach: Thairis air a' bhliadhna: *over the past year*; gu h-àraidh ìomhaighean-umha: *particularly bronze statues*; tha cuid de dhaoine air a bhith a' taisbeanadh an cuid feirg: *some people have been demonstrating their anger*; chaidh tè no dhà de na h-ìomhaighean a thoirt sìos no eadhon a sgrios: *one or two of the statues were taken down or even damaged*; gun robh ìomhaighean ùra a' dol an-àirde: *that new statues were going up*; mar chuimhneachan air Albannach a bhuineadh don ochdamh linn deug: *as a memorial to a Scot who belonged to the 18th century*; fhad 's as aithne dhomh: *as far as I know*; cha robh ceangal sam bith aige do thràilleachd no do ghnothaichean an-ìochdmhor: *he had no links to slavery or unfeeling, merciless matters*; gun robh comas aige tro thìde a bheairt a chur an dàrna taobh: *that he was able in time to put his loom aside*; a' faighinn cùl-taic bho phrìomh uachdaran na sgìre, Diùc Athall: *obtaining sponsorship from the area's principal landlord, the Duke of Atholl*; bhiodh e a' faighinn chuiridhean cluich airson nan uaislean aig bàlaichean is dannsaidhean: *he would get invitations to play for the gentry at balls and dances*; bhathar a' dèanamh dheth nach robh fìdhlear cho math ris: *it was reckoned there was no fiddler as good as him*; chaidh e a chèilidh air: *he went to visit*; chaochail a chiad bhean: *his first wife died*; bha ochdnar cloinne aige: *he had eight children*; seann chraobh-dharaich ri taobh na h-aibhne: *an old oak tree next to the river*; fèill-fhìdhle bhliadhnail Nèill Ghobha: *the annual Neil Gow fiddle festival*.

Puing-chànain na Litreach: Ghluais **teaghlach Nèill** gu ruige am baile sin nuair a bha Niall òg: *Neil's family moved to that village when Neil was young. In English, Neil's name was spelt in different ways. I have chosen to write it as standard Niall in Gaelic (I have not been able to ascertain if Neil himself spoke Gaelic, although I suspect he did, but it is perhaps unlikely he wrote the language). The genitive form of Niall is Nèill which is why we have MacNèill as a clan name. Gow is from Gaelic gobha 'blacksmith', which is why the name is sometimes translated 'Smith' in the Central Highlands.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: fìor mhath mar neach-ciùil **on a bha e òg:** *excellent as a musician from a young age.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA